

Coinneamh: Bòrd-stiùiridh
Ceann-là/Àm: 26 Ògmhios 2025 aig 09.30
Càite: Microsoft Teams

Geàrr-chunntas – Seisean Fosgailte

1. Cùisean Tòiseachaidh

1.1. Fàilte is Leisgeulan

Buill Bùird an làthair:

Màiri T NicAonghais (MTNA) [Cathraiche]

Dòmhnall K Mac a' Phì (DKM)

John Neil Dòmhnallach (JND)

Seonaidh Charity (SC) (*bho phuing 5*)

Rob Dunbar (RD)

Stewart MacLeòid (StML)

Michelle NicLeòid (MNL)

An làthair:

Ealasaid Dhòmhnallach, Ceannard/Oifigear Cunntachail (ED)

Iain Mac a' Mhaoilein, Stiùiriche Leasachaidh (IMM)

Nicola Pearson, Ceann an Ionmhais is Cùisean Corporra (NP)

Steven Kellow, Manaidsear Maoineachaidh is Phròiseactan (SK)

Karen Nic a' Ghobhainn, Manaidsear Ghnìomhan (KNG) (*aig puing 7*)

Orla NicDhòmhnaill, A' clàradh a' gheàrr-chunntais (OND)

Leisgeulan:

Seonaidh Charity (SC) (*gu puing 5*)

1.2. A' Nochdadh Chom-pàirtean

DK – Comunn na Gàidhlig, FC Sonas

RD – Ionad Gàidhlig Dhùn Èideann, Faclair na Gàidhlig, Oilthigh Dhùn Èideann

JND – Ceòlas

1.3. Gnothaich Iomchaidh Sam Bith Eile (GISBE)

Cha robh gin ann.

2. Conaltradh

2.1. Conaltradh le luchd-ùidh

Thug an Ceannard fios air an fhiosrachadh sa phàipear. Thug i fios cuideachd mun t-suirbhidh Ghàidhlig a tha sa phàipear agus mun Cheisteachan air Cleachdadh na Gàidhlig a bha a' ruith.

Co-dhùnadh:

Thug Buill fa-near don fhiosrachadh sa phàipear.

2.2. A' comharrachadh soirbheachas

Thug an Ceannard fios air adhbhar a' phàipeir agus dh'iarr i aonta gun tèid modail comharrachaidh ùr a chur air bhog. Chaidh beachdachadh air na dòighean san deach soirbheachas a chomharrachadh roimhe agus ciamar as urrainnear seo a dèanamh san àm ri teachd.

Thuirte Buill gur e deagh chothrom a th' ann do dhaoine tighinn còmhla agus dh'iarr iad beachdan air na bhathar an dùil a dhèanamh san àm ri teachd. Thuirte an Ceannard gun robh na duaisean Gàidhlig a bha gan cumail a' faireachdainn fada air falbh bho na coimhearsnachdan agus gu bheil an dùil conaltradh le com-pàirtean is coimhearsnachdan airson tilleadh do Bhuill le moladh.

Gnìomh:

Bòrd na Gàidhlig ri bruidhinn ri com-pàirtichean mu beachdan airson dòigh gus soirbheachas a chomharrachadh agus ri tilleadh do Bhuill le beachdan sa bhliadhna ionmhas seo.

Co-dhùnadh:

Thug Buill fa-near don fhiosrachadh.

3. Ionmhas

3.1. Aithisg Ionmhas

Thug NP fios do Bhuill gun robh am fiosrachadh uile sa phàipear. Thug StML moladh do Bhuill airson a' bhliadhna ionmhas a crìochnachadh cho faisg air a bhuidseat.

Co-dhùnadh:

Thug Buill fa-near don aithisg.

4. Plana Corporra is Coileanadh

4.1. Aithisg air adhartas le Plana Nàiseanta 2023-28

Thug IMM iomradh air an fhiosrachadh sa phàipear agus thug e fios gun robhar a' feuchainn ri ceangal làidir a dhèanamh eadar gnìomhan is prìomhachasan.

Thuirt Buill gun robhar air mothachadh gun robh atharrachadh ann eadar na tha sa Phlana agus na gnìomhan agus gun robh am Plana ro fharsaing. Thugadh moladh do luchd-obrach airson an cuid obrach air a bhith a' coileanadh gnìomhan.

Thug an Ceannard fios gun robh dùil coinneamh a bhith ann eadar Bòrd na Gàidhlig agus an Riaghaltas airson coimhead air dleastanasan an lùib a' Phlana. Thug IMM tuilleadh fios air mar a thathar aig obair leis an Riaghaltas air adhartas leis a' Phlana agus air na dleastanasan a th' aig Bòrd na Gàidhlig.

Mhol Buill gum bu chòir coinneamh a chumail gus coimhead air dleastanasan ùra agus mar a tha seo a bualadh air obair Bòrd na Gàidhlig. Chan eil dad air a' chlàr mu chleachdadh na Gàidhlig san dachaigh agus gu bheil seo cho cudromach mar sin, bu chòir dhuinn smaoinichadh air seo. Thug IMM beachdan seachad air seo agus cho cudromach 's a tha a bhith ag obair le coimhearsnachdan ann a bhith a' dèanamh seo.

Co-dhùnadh:

Thug Buill fa-near don aithisg.

4.2. Sgeama Oifigearan Gàidhlig 2025-28

Thug IMM iomradh do Bhuill air an fhiosrachadh sa phàipear agus gun do dh'aontaich Buill ri prìomhachasan an sgeama sa Mhàirt 2025. Thuirt e gun robh 44 iarrtasan ann airson an sgeama a bha a' sireadh £3.25m eadar an t-luchar 2025 agus am Màrt 2028, is seo thairis air a' bhuidseat de £1.65m. Far an deach iarrtasan a dhiùltadh, thug e fios air na h-adhbharan.

Chaidh aithris gun tig barrachd fiosrachadh don Bhòrd-stiùiridh feasgar air na h-iarrtasan agus iad a' sireadh aonta air na molaidhean.

Thug SK fios gu bheil e a' faicinn chothroman mòra leis an sgeama seo agus gu bheil e a' toirt cinnt do bhuidhnean airson nam bliadhnaichean ri tighinn. Thuirt e gur e an dùbhlain an lùib cuairtean maoinachaidh mar seo nach eil cothrom ann taic a thoirt don a h-uile dreuchd agus fios air mar a tha aca ri taghaidhean a dèanamh.

Dh'fhaighnich Buill an robh am maoinachadh a' dol gu buidhnean a bha air taic fhaighinn roimhe no an robh buidhnean ùr ann, agus fhreagair IMM gur e measgachadh a bh' ann.

Co-dhùnadh:

Thug Buill fa-near don fhiosrachadh.

4.3. Foghlam agus Ionnsachadh

Thug an Ceannard fios gun robh am fiosrachadh air fad sa phàipear agus gur e seo an turas mu dheireadh a bhiodh Bòrd na Gàidhlig a' dèiligeadh ri seo is an dleastanas airson an Stiùireadh Reachdail a' gluasad don Riaghaltas.

Dh'fhaighnich Buill ceist mu cò aig a bheil cothrom air foghlam airson clann nas òige na trì bliadhna a dh'aois agus thug an Ceannard fios gu bheil seo a rèir an ùghdarras ionadail agus gum biodh barrachd fios a' tighinn air seo aig an ath choinneamh.

Dh'fhaighnich Buill an tug na atharraichean san lagh bhon Bile buaidh air an stiùireadh. Thug an Ceannard fios gun deach seo a chruthachadh mus deach aonta fhaighinn air a Bhile agus gum biodh i a' moladh don Riaghaltas gun coimheadadh iad air sa cho-theacs seo.

Thog Buill a' cheist am bi Bòrd na Gàidhlig a' faighinn fios air Tabhartasan Sònraichte na Gàidhlig (*Gaelic Specific Grants*) agus fhreagair an Ceannard nach bi mura h-eilear a' faighneachd agus gu bheil an cuspair seo ga thogail gu tric leis an Riaghaltas.

Co-dhùnadh:

Dh'aontaich Buill ris an Stiùireadh Reachdail.

4.4. Aithisg air PCCan 2024/25

Chaidh aithris gun do rinn a' bhuidheann deagh adhartas leis na gnìomhan. Far nach robh gnìomhan air an coileanadh, thug IMM fios air an obair a bhathar a' dèanamh orra.

Thug IMM tuilleadh fiosrachaidh do Bhuill air na planaichean Gàidhlig coimhearsnachd agus gun tèid lethbhreac de phlanaichean do Bhuill an ath sheachdain nuair a tha iad-mach airson co-chomhairle coimhearsnachd.

Dh'aithris NP do Bhuill gu bheil pròiseas rianachd ga chur air dòigh airson PCC 6.

Co-dhùnadh:

Thug Buill fa-near don aithisg.

4.5. Aithisg air Planaichean Gàidhlig

Thug IMM iomradh air an fhiosrachadh sa phàipear agus mu adhartas is dùbhlain sa phròiseas.

Dh'fhaighnich Buill a bheil buidhnean a' cur a-steach nan h-aithisgean a tha a dhìth orra leis an fhiosrachadh riatanach, leis gu bheil am fiosrachadh seo cudromach airson planadh. Bha IMM den bheachd nach eil an obair seo a dhìth aig ìre Bhòrd-stiùiridh agus dh'aithris e air an obair a tha oifigearan a dèanamh.

Dh'fhaighnich Buill mu dheidhinn Oifigearan Phlanaichean Cànain agus dh'aithris IMM air cuin a bhios an àireamh cheart de dh'oifigearan ann agus nach eil draghan aca mu seo.

Co-dhùnadh:

Thug Buill fa-near don aithisg.

5. Rianachd Mhì-chinntean

5.1. Clàr mhì-chinntean Ro-innleachdail

Thàinig SC a-staigh don choinneimh

Thug NP iomradh air an fhiosrachadh sa phàipear. Thug an Ceannard fios air conaltradh a fhuair i bhon Riaghaltas air a bhith a fastadh Buill ùra.

Thug SML fios air còmhraidhean a tha gan cumail le luchd-sgrùdaidh is gu bheil iad a' faighinn barantas bhuapa air an obair a thathar a' dèanamh.

Co-dhùnadh:

Dh'aontaich Buill ris a' chlàr.

6. Aithisgean Bliadhnail nan Comataidhean

6.1. Aithisgean Bliadhnail nan Comataidhean

Comataidh Sgrùdaidh is Dearbhachd 2024/25

Thug SML taing do Nicola agus don Sgioba-stiùiridh airson an obair aca tron bhliadhna. Dh'aithris e gu bheil luchd-sgrùdaidh a' frithealadh nan coinneamhan agus gu bheil seo cudromach do dh'obair na Comataidh. Chaidh aithris gun robh na h-aithisgean in-sgrùdaidh rim faicinn san aithisg agus gun robh iad cha mhòr uile aig ìre làidir.

Dh'aithris an Ceannard gun do rinn a' Chomataidh tòrr obair chudromach agus tha na teachdaireachdan bhon luchd-sgrùdaidh gu math feumail don bhuidhinn.

Co-dhùnadh:

Dh'aontaich Buill ris an aithisg.

Comataidh Poileasaidh is Ghoireasan 2024/25

Thug SC aire air an àireamh de Phlanaichean Gàidhlig a chaidh aontachadh tron comataidh thairis air a' bhliadhna agus mhol e an sgioba airson an obair aca air seo. Thugadh iomradh air na poileasaidhean a chaidh a sgrùdadh leis a' Chomataidh agus air cho cudromach 's a tha an obair seo. Thugadh taing don sgioba airson an obair aca agus do na Buill air a' Chomataidh airson a bhith a' togail cheistean is deasbad.

Co-dhùnadh:

Dh'aontaich Buill ris an aithisg.

7. Cùisean Corporra

7.1. Aithisg Slàinte is Sàbhailteachd

Thug KNG fios nach robh tubaistean ann aig ìre aithris. Thug i fios do Bhuill gun do ghluais BnG gu bathar EAP ùr agus thug i tuilleadh fios air an t-seirbheis seo.

Co-dhùnadh:

Thug Buill fa-near don aithisg.

7.2. Gnàth-riaghailtean

Dh'aithris an Ceannard air na gnàth-riaghailtean agus thuirt i nach robh atharraichean air a bhith ann.

Co-dhùnadh:

Dh'aontaich Buill ris na gnàth-riaghailtean.

8. Plana Obrach a' Bhùird-stiùiridh

8.1. Plana Obrach a' Bhùird-stiùiridh

Thug an Ceannard fios nach deach atharraichean a dèanamh don phlana obrach ach gum bi cuspairean cudromach nach eil air a' chlàr a nochdadh aig na h-ath choinneamhan

Co-dhùnadh:

Dh'aontaich Buill ris a' phlana obrach.

9. GISBE

Ceann-là na h-ath choinneimh: 09/10/2025

Deireadh an t-Seisein